

28 An t-Samhain 2023

A phàrtaidh/neach-cùraim chòir

Sa Chèitean 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Lacasdail. Tha luchd-obrach a' toirt "sgoil-àraich" air an t-seòmar-cluiche don dà chuid foghlam Beurla agus foghlam na Gàidhlig. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoil-àraich agus na sgoile. Mur eilear ga aithris, tha iad seo a' buntainn don dà chuid foghlam na Gàidhlig agus Beurla.

- Tha ceannard na sgoile, manaidshear na sgoil-àraich agus luchd-obrach a' stiùireadh atharrachadh gu math. Tha iad a' dèanamh diofar air leas am beusan obrach fhèin agus air leas beusan obrach na sgoile gu lèir. Mar sgioba luchd-obrach, tha iad a' sior-thoirt leasachadh air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Lacasdail mar sgoil chùramach, ion-ghabhalach agus altramach, sam faod a' chlann a bhith sanntach air adhartas agus cruthachail.
- Tha a' chlann a' freagairt glè mhath ris a' phailteas nithean a th' air an cur air dòigh dhaibh an taobh a-staigh agus a-muigh na sgoile. Bidh iad seo ag àrdachadh coileanadh na cloinne, a' cumail taic ri an sunnd, agus a' togail sgilean dèanadais is didseatach na cloinne.
- Tha a' mhòr-chuid den chloinn a' faighinn misneachd is fileantachd sa Ghàidhlig mar thoradh air làn-bhogadh ga stiùireadh leis an luchd-obrach. Tha tidsearan gleusta air iomadh dòigh-bhogaidh a chleachdadh agus air an libhrigeadh ann an Gàidhlig shiùbhilach, fileanta. Tha iad a' leigeil deagh chuideam air gràmar agus dualchainnt na sgìre.
- Tha an luchd-obrach agus a' chlann ag obair gu math le com-pàirtichean airson gnìomhachdan cuimsichte air slàinte is sunnd a chur air dòigh. Tha iad seo a' faighinn aithneachadh on taobh a-muigh.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar. Mur eilear ga aithris, tha iad seo a' buntainn don sgoil gu lèir, don dà chuid foghlam na Gàidhlig agus na Beurla.

- Bu chòir do thidsearan leantainn orra a' dùnadh beàrnan coileanaidh. Bu chòir làn-fhios a bhith aig a' chlann air an neartan ionnsachaidh fhèin, mar a nì iad sior-leasachadh orra agus air na sgilean a tha iad a' togail.
- Bu chòir do cheannard na sgoile sealladh farsaing ro-innleachdail a tha nas fhoirmeile is leantainneach a chumail air a' churraicealam. Bu chòir do seo seulachadh gun tèid gach prìomh-raon ionnsachaidh a thoirt air adhart ceum air ceum. Gheibhear toiseach-tòiseachaidh do seo le tuilleadh planaigh a thaobh co-ionannachd, iomadachd is nithean co-cheangailte ri curraicealam na slàinte agus sunnd.

- Bu chòir don luchd-obrach seulachadh gu bheil cluich làn-bhogaidh a' leigeil cuideam cuibheasach air inbhich a' stiùireadh ghnìomhachdan agus a' cleachdadh Gàidhlig gu tric 's gu minig.
- Bu chòir don luchd-obrach sìor-chur ri an cuid cleachdadh Gàidhlig, fileantachd is ionnsachadh proifeiseanta airson coileanadh na cloinne ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).

Chruinnich sinn fianais gus luachadh a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh ceithir comharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4<sup>mh</sup> eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#) Tha taisbeanairan càileachd feumail do sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh breith a thoirt air dè tha ag obair gu math agus dè a tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

## Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Lacasdail.

Comharran càileachd airson ìrean na bun-sgoile	Luachadh
<b>A' stiùireadh atharrachadh</b>	<b>math</b>
<b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>	<b>math</b>
<b>A' seulachadh sunnd, co-ionannachd agus ion-ghabhaltas</b>	<b>math</b>
<b>Ag àrdachadh coileanadh agus euchdan</b>	<b>math</b>
Gheibhear tuairisgeul air na luachaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4<sup>mh</sup> eagra)</a> , <a href="#">Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing</a>	

Comharran càileachd airson clas na sgoil-àraich	Luachadh
<b>A' stiùireadh atharrachadh</b>	<b>math</b>
<b>Ionnsachadh, teagasg agus measadh</b>	<b>math</b>
<b>A' seulachadh sunnd, co-ionannachd agus ion-ghabhaltas</b>	<b>math</b>
<b>A' dèanamh cinnteach à adhartas na cloinne</b>	<b>math</b>
Gheibhear tuairisgeul air na luachaidhean aig: <a href="#">Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram cloinne? Earr-ràdh 1: An sgèile sia puing</a>	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

### Dè an ath-rud a thachras?

Tha misneachd againn gun urrainn don sgoil cumail oirre a' leasachadh, mar sin, cha tadhail sinn ann a-rithist ann an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle nan Eilean Siar fios dha pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aice airson aithriseadh air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan Esson  
Neach-sgrùdaidh an Rìgh